


Robert Watson-Watt

1892-1973



Ainmeil airson:

- A' lorg radar mar phrìomh mheadhan dìon tron Dàrna Cogadh
- A bhith a' cleachdadh radar airson seòladaireachd mara aig àm sìthe.

Bha Robert Watson-Watt na thùsaire de theicneòlas radar. Ged nach e a' bheachd aige fhèin a bh' ann an lorg radar, b' e a'chiad neach a dhearbhadh robh e comasach obrachadh san fharsaingeachd.

An-diugh, bithear a' cleachdadh radar airson:

- Ro-innse air an aimsir
- Tomhas cho luath sa tha càraichean a' siubhal
- Taic a thoirt do charbaidean fànais airson a thighinn gu làr
- Dèan cinnteach gum bi siubhal san aidhir agus aig muir sàbhailte.

Robert Watson-Watt (1892-1973)

Tràth-bhliadhnaichean agus foghlam

Rugadh Robert Watson-Watt ann am Breichin, air Machair Aonghais. Mar mhac de shaor agus saor-àrneis, fhrithéal e Sgoil Rathad Damacre, far na choisinn e 'Bonn Smart' mar 'Dux' (prìomh bhuannaiche duais) ann an Àrd-sgoil Breichin.

Chaidh e air adhart airson rannsachadh a dhèanamh aig Colaisde na h-Oilthigh ann an Dùn Dè, a bha an uairsin mar phàirt de Oilthigh Chill Rìmhinn. Às deidh dha ceumnachadh le BSc ann an Innleadaireachd, bhrosnaich an àrd-ollamh aige gus leantainn air rannsachadh ann an 'teileagrafaidh gun-uèir'. B' e sin an t-ainm cumanta a bha air rèidio aig an àm.

Obair mar neach-aimsir agus rannsaichear

Fhuair Watson-Watt obair mar eòlaiche-side aig an Oifis Eòlaiche-side ann an 1915.

Bhiodh e ag obair air uidheamachd a b' urrainn stoirmean ro-innse, a' rannsachadh mar a lorgar dealanaich agus na siognailean a thig bhuaithe nuair a bhios e ag ionasach an adhair mun cuairt air. Bha an rannsachadh aige ag amas air rabhadh a thoirt dha ofigearan feachd an adhair ann an soitheachan bristeach gum faodar buillean dealanach bualadh orra.

Ann an 1916 bha beachd aig Watson-Watt gum faodar cathode ray oscilloscope a chleachdadh ann an itealan agus siognailean dealanach a chomharrachadh air scrion taisbeanadh. Ach, cha tàinig a' bheachd aige gu buil gu 1923.

Ann an 1924 ghluais e bho Farnborough gus a dhol a dh' obair aig an ionad rannsachaidh ùr a chaidh a stèidheachadh ag Ditton Park faisg air Slough. Cheangail an ionad rannsachaidh a-steach ris an Deuchainn-lann Corporra Nàiseanta agus chaidh Watson-Watt os cionn Roinn an Rèidio ann an Teddington, Middlesex.

B' e aon de na pròiseactan aige sgrùdadh a dhèanamh air riasladh rèidio agus mar a dh' fhaodar sin a chleachdadh aig àm cogaidh.

Dìon aidhir radar

Stèidhich Ministrealachd an Dìon comataidh gus siostam dìon adhair adhartachadh san RA ann an 1933. Bha na Nàsaich anns a' Ghearmailt ag agairt gu robh 'gath bàis' aca a bha a' cleachdadh tonnan rèidio a bha comasach air targaidean a sgrios ann am Breatainn.

Chaidh iarraidh air Watson-Watt freagairt fhaighinn don bhagairt seo - gath a b' urrainn itealan Gearmailteach a sgrios mus toireadh iad ionnsaigh air àite. Cha robh e a' creidsinn gu robh an leithid de rud so-dhèanta. Ach, bha e a' creidsinn gum b' urrainn dha inneal a leasachadh a bhiodh comasach air itealan san adhair a lorg mus biodh e comasach fhaicinn.

Thug e an t-ainm RADAR (Radio Detection and Ranging) air an seo leis gu robh e a' cleachdadh tonnan rèidio.

Na bliadhnaichean a lean

Chaith Watson-Watt na bliadhnaichean aige ron chogadh ann an Canada agus anns na SA. Chaidh a thaghadh mar Neach-caidreachais aig Comann Rìoghail Dhùn Èideann ann an 1941 agus chaidh ridire a dhèanamh dheth ann an 1942. Chaidh 'Three Steps to Victory' – an cunntas aige fhèin air mar a chaidh an siostam radar a leasachadh – fhoillseachadh ann an 1958.

Anns na 1960n, thill Watson-Watt a dh' Alba. Dh' fhuirich e ann am Baile Chloichridh agus bhàsaich e ann an Inbhir Nis air 5 Dùbhlachd 1973.

An robh fios agad?

A rèir aithris nuair a chaidh a stad le poileas trafaic aig an robh gunna radar aithneachadh astar, thuirt Robert Watson-Watt ris: 'Nam biodh fios agam dè a bha thu dol a dhèanamh leis cha bhithinn gu bràth air innleachadh!'.

Air a thogail bhon Thalla Cliù Saidheans aig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba
<http://digital.nls.uk/scientists/biographies/index.html>

Education Scotland

Denholm House

Almondvale Business Park

Almondvale Way

Livingston EH54 6GA

T +44 (0)141 282 5000

E enquiries@educationscotland.gov.uk

www.educationscotland.gov.uk

Transforming lives through learning



**Education
Scotland**
Foghlam Alba